

# Comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig

**Foghlam Meadhan Gàidhlig: ag obair  
còmhla ri pàrantan**

Am Màrt 2022 – Air ùrachadh

## 5. Foghlam Meadhan Gàidhlig: ag obair còmhla ri pàrantan

### Prìomh fhiosrachadh:

- Tha a bhith ag obair còmhla ri pàrantan aig ìre thràth gus innse dhaibh mu bhuannachdan Foghlam Meadhan Gàidhlig 's an ceangal a th' aige ri buannachdan dà-chànanaidh riatanach ann a bhith a' dèanamh an ama ri teachd airson a' chànain tèarainte.
- Thathar a' cur ri fileantachd na cloinne sa Ghàidhlig le bhith a' cleachdadh a' chànain taobh a-muigh na sgoile. Feumaidh fiosrachadh soilleir a bhith aig pàrantan mun dòigh san urrainn dhaibh taic a thoirt do dh'fhoghlam an cloinne.

5.1 Tha a bhith ag obair còmhla ri pàrantan aig ìre thràth gus innse dhaibh mu bhuannachdan Foghlam Meadhan Gàidhlig agus an ceangal a th' aige ri buannachdan dà-chànanaidh riatanach ann a bhith a' dèanamh an ama ri teachd airson a' chànain tèarainte. Is iad a' chlann a tha a' dol a-steach gu Foghlam Meadhan Gàidhlig aig an ìre thràth seo de dh'ionnsachadh is leasachadh an fheadhainn a dh'ionnsaicheas tro mheadhan na Gàidhlig ann an P1 agus an dèidh sin. Is iadsan cuideachd an fheadhainn a dhearbhas nan àireamhan ann am Foghlam Mheadhan Gàidhlig tron fhoghlam fharsaing choitcheann agus suas chun na h-ìre as sine. Tha seo a' sealltainn gu bheil feum chudromach air obair sanasachd, le fòcas 's a tha èifeachdach, a dhèanamh le pàrantan. Tha Bòrd na Gàidhlig ag adhartachadh Foghlam Meadhan Gàidhlig aig prìomh phuingeann, a' gabhail a-steach far a bheil comas aithnichte ann a thaobh a bhith a' meudachadh àireamhan. Tha *Comann nam Pàrant*<sup>1</sup> cuideachd a' dèanamh obair a tha airidh air moladh. Bidh iad ag ullachadh thachartasan agus a' tadhal air pàrantan gus na ceistean a th' aca mu Foghlam Gàidhlig fhuasgladh. Bidh iad a' toirt taic do phàrantan ann a bhith a' stèidheachadh solair tro Mheadhan na Gàidhlig. Sa chleachdadh as èifeachdaiche, bidh buidhnean Gàidhlig ag obair leis na h-ùghdarrasan ionadail gus buannachdan Foghlam Meadhan Gàidhlig a chur an cèill do phàrantan bho ìre thràth. Bheir iad taic do phàrantan ann a bhith a' clàradh an cloinne ann an ionadan tràth-ionnsachaidh agus cùram chloinne. Tha pàrantan a' sùileachadh solair tro Mheadhan na Gàidhlig a tha den chàileachd as àirde, le buannachdan fhollaiseach is shoilleir dhan cuid chloinne.

5.2 Tha Foghlam Meadhan Gàidhlig fosgailte do na h-uile. Tha e cudromach gu bheil pàrantan nach eil fileanta sa Ghàidhlig mothachail gu bheil iadsan cudromach ann a bhith a' toirt taic do dh'fhoghlam an cloinne tro mheadhan na Gàidhlig. Thathar a' cur ri fileantachd na cloinne sa Ghàidhlig le bhith a' cleachdadh a' chànain taobh a-muigh na sgoile. Ma tha pàrantan air a shon, feumaidh fiosrachadh soilleir a bhith aca mu na dòighean anns a bheil e comasach a' Ghàidhlig ionnsachadh gus an urrainn dhaibhsan cuideachd a' Ghàidhlig ionnsachadh còmhla ris a' chloinn aca.

---

<sup>1</sup> [Comann nam Pàrant](#) – am buidheann nàiseanta a tha a' toirt comhairle agus taic do phàrantan/luchd-cùraim chloinne ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig (FMG).

Foghlam Alba  
Taigh Denholm  
Pàirc Ghnìomhachais Ghlinn Almoìn  
Slighe Ghlinn Almoìn  
Baile Lèibhinn  
EH54 6GA  
T +44 (0)141 282 5000  
E [enquiries@educationscotland.gov.uk](mailto:enquiries@educationscotland.gov.uk)

[www.educationscotland.gov.uk](http://www.educationscotland.gov.uk)